

# Deamocrasaidh ann an Alba

## Notaichean

Riaghaltas leis na daoine airson na daoine

Tha sinne a' taghadh riochdairean airson laghan ùr a dhèanamh

Deamocrasaidh

Nuair a tha ceistean mòra ann mu rudeigin (neo-eisimeileachd do dh'Alba, ballrachd dhen Aonadh Eòrpach) bidh referendum ann

Tha saorsa labhairt, bheachdan agus chreideamhan againn

Deamocrasaidh Riochdachail



Tha còraichean agus dleastanasan againn

Tha taghaidhean ann airson na h-ìrean eadar-dhealaichte

Pàrlamaid na h-Aonadh Eòrpach  
Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte  
Pàrlamaid na h-Alba  
Comhairle Ionadail  
Comhairle coimhearsnachd



Ciamar as urrainn dhut pàirt a ghabhail ann am poilitigs?

Ceangal a dhèanamh leis na meadhanan (sgrìobhadh litir gu pàipear-naidheachd.)

Pàirt a ghabhail ann an strì poilitigeach (ath-chuinge, caismeachd)

A dhol gu coinneamhan (co-chomhairleachadh poblach, hustings, coinneamhan le BP/BPA)

Bhòtadh aig taghadh. (Comhairle Ionadail, Taghadh Albannach, Rìoghachd Aonaichte, An t-Aonadh Eòrpach)

Seasamh mar thagraiche ann an Taghadh

Faodaidh tu a dhol nad bhall de:

- o Partaidh Poilitigeach
- o Buidheann Strì
- o Aonadh Ciùird

Meadhanan Sòisealta (Facebook, twitter – toirt na beachdan agad seachad & leughadh beachdan dhaoine eile)

Sgrìobhadh litir/post-d gu luchd-poilitigs

## Cumhachdan Tiomnaichte (Alba)

Cumhachd Glèidhte  
(Rìoghachd Aonaichte)



Cùisean eadar-nàiseanta

Dion

Càirdeas le dùthchannan eile

Poileasaidh Eaconamach

In-imrich agus nàiseantas

Sochairean Sòisealta

Cumhachd/Lùth: dealan, gas, gas agus cumhachd nuclear

Àiteachas, coilltearachd agus iasgach  
Poileas & Seirbheis Smàlaidh

Taigheadas  
Obair Sòisealta

An àrainneachd  
Slàinte

Foghlam

'S e Comhairle nan Eilean Siar a' chomhairle ionadail againn



32 ann  
an  
Alba



Tha iad a' ruith iomadh seirbheis ionadail, mar eisimpleir:

Ùghdarrasan (Comhairlean/  
Riaghaltasan) Ionadail

Seirbheisean foghlam (sgoiltean)

Obair sòisealta

Ionadan spòrs/seirbheisean cur-seachad

Rathaidean agus còmhdhail

Sgudal

Leabharlannan

Tha comhairlichean air an taghadh airson beachdan dhaoine a riochdachadh anns an chomhairle (tha an obair aca coltachd ri ball pàrlamaid ach gu bheil iad ag obair aig ìre comhairle ionadail).

Tha comhairlean a' faighinn an airgead aca bho 'Block Grant' bho Riaghaltas na h-Alba gach bliadhna, a' chis chomhairle agus bho bhith ag iarraidh pàigheadh airson cuid de sheirbheisean.



Tha Sìostam Bhòt Singilte Gluasadach (Single Transferable Vote - STV) ga chleachdadh airson comhairlichean a thaghadh.

## Obair Ball-Pàrlamaid Albannach - Anns an sgìre aca

A' dol gu coinneamhan poblach



A' dol gu tachartasan anns a' choimhearsnachd (fosgladh sgoil ùr, fèisean)



A' cumail choinneamhan le daoine anns a' choimhearsnachd (surgeries)



Bruidhinn ri daoine agus a' faighinn na beachdan aca




Ag obair leis na meadhanan  
(sgrìobhadh litrichean,  
bruidhinn air rèidio)




A' cleachdadh  
meadhanan sòisealta



A' sgrìobhadh  
litrichean/  
post-d



# Obair Ball-Pàrlamaid Albannach Anns a' phàrlamaid



## Buidhnean Strì

### Eisimpleirean de Bhuidhnean Insider

Daoine aig a bheil na h-aon bheachdan làidir agus tha iad a' tighinn còmhla airson cùisean atharrachadh.

Confederation of British Industry



The British Medical Association

The National Farmer's Union



Insider pressure groups: tha iad ag obair aig ìre gu math proifeasanta le luchd-poilitigs agus tha buaidh mhòr aca air cùisean. Glè thric thèid iarraidh orra am beachd a thoirt seachd gun riaghaltas. Cleachdaidh iadsan dòighean obrach 'low key' leis an dòchas gun toir seo buaidh.

Insider pressure groups: tha iad ag obair aig ìre gu math proifeasanta le luchd-poilitigs agus tha buaidh mhòr aca air cùisean. Glè thric thèid iarraidh orra am beachd a thoirt seachd gun riaghaltas. Cleachdaidh iadsan dòighean obrach 'low key' leis an dòchas gun toir seo buaidh.



## Eisimpleirean de Buidhnean Outsider

Tha buidhnean strì a' cleachdadh dòighean eadar-dhealaichte airson na beachdan aca fhaighinn tarsaing:



Lobbying – a' bruidhinn, a' cur litrichean/post-d agus a' coinneachadh ri luchd-poilitigs airson na beachdan aca fhaighinn tarsainn agus feuchainn ri toirt orra laghan atharrachadh.

Stunts poilitigeach airson aire dhaoine fhaighinn.



A' sgrìobhadh litrichean/post-d/eadar-lìon.



A' ruith iomairt follaiseachd (publicity campaign) le postairean, bileagan, sanasan, meadhanan sòisealta, TBH, pàipearan-na idheachd.



Stad a chur air buill bho bhith a' ceannach rudan sònraichte.

Caismeachd (marches) agus demonstrations.



## Buidhnean Strì

### Rudan math mu Buidhnean Strì

Tha iad a' toirt cothrom do dhaoine na beachdan aca a thoirt seachad agus glè thrì beachdan nach eil anns na pàrtaidh poilitigeach.

Tha iad a' toirt tòrr fiosrachadh do luchd-poilitigs agus don mhòr shluaigh agus tha seo a' cuideachadh dhaoine gus a thighinn gu co-dhùnadh.

Tha e a' toirt cothrom do dhaoine pàirt a ghabhail anns an deamocrasaid h againn.



### Rudan nach eil math mu Buidhnean Strì

Chan eil cuid de na buidhnean uamhasach deamocratach. Tha iad a' cur air adhart beachdan na ceannardan agus chan eil iad a' riochdachadh beachdan na buill.

Tha buaidh mhòr aig cuid de buidhnean ach chan eil iad air an taghadh leis an t-sluaigh. A bheil e ceart gu faigh iad air buaidh a thoirt air laghan ach nach eil iad air an taghadh?

Tha cuid de buidhnean gu math extreme (feadhainn de buidhnean outsider) agus bidh iad a' briseadh an lagh aig amannan agus a' dèanamh beatha-làitheil dhaoine duilich.

Tha aonaidhean ciùird mar buidhnean strì ach tha iad a' riochdachadh luchd-obrach sònraichte ( Education Institute of Scotland (EIS) a' riochdachadh luchd-teagaisg).

Tha iad ag obair còmhla gus còraichean luchd-obrach a dhìon agus gus dòighean obrach nas fheàrr fhaighinn ann an àiteachan obrach (pàigheadh, pension, uairean obrach).

'S urrainn do dh' aonadh ciùird luchd-obrach a riochdachadh.

Mar as trice bi an aonadh a' riochdachadh luchd-obrach aig coinneamhan le manaidsèaran agus an riaghaltas. Bidh tòrr còmhradh ann agus mar as trice thèid dèiligeadh ri cùisean aig coinneamhan.

ACH Uaireannan bi beachdan gu math eadar-dhealaichte aig aonaidhean ri manaidsèaran no an riaghaltas agus chan urrainn dhaibh a thighinn gu co-dhùnadh.

**Ann an suidheachaidhean mar seo 's urrainn do bhuill aonaidhean na leanas a dhèanamh:**

**A dhol air stailc (ach feumaidh a mhòr-chuid de bhuill bhòtadh airson seo)**

**Work to contract – cha dèan iad obair sam bith a bharrachd air na tha sgrìobhte anns a' chùmhnant aca**

**Cha dèan iad 'overtime' sam bith**



**Còraichean**

Stailc a chur air adhart



Picket a dhèanamh taobh a-muigh an àite obrach airson feuchainn ri toirt air luchd-obrach eile gun a dhol a dh'obair



Aonadh Ciùird a bhith an-sàs ann an obair làitheil àite obrach ma tha a mhòr chuid den luchd-obrach aig iarraidh sin



A bhith a' cumail chòmhradhean agus a' dèanamh co-dhùnidhean le manaidsèaran (negotiate with management)



**Dleastanasan**

Feumaidh iad faighneachd dha na buill tro ballot a bheil iad airson a dhol air stailc

Chan fhaod ach sianar a bhith aig a' phicket agus feumaidh iad a bhith sìtheil

Feumaidh aonaidhean leigeil le luchd-obrachd gun a bhith ann an aonadh ma 's e sin a tha iad ag iarraidh

Feumaidh an t-aonadh taghaidhean a chumail airson oifisean (posts) sònraichte anns an aonadh mar riochdaire àite obrach agus buill chomataidh

Gheibh buill air pàirt a ghabhail ann an aonadh anns na dòighean a leanas:

## Còraichean agus Dleasan Aonaidhean Ciùird

A bhith a' dol gu coinneamhan aonaidh

Bhòtadh ann an taghaidhean (m.e. am bu chòir stailc a bhith ann?)

A' faighneachd cheistean agus a' sireadh chomhairle

A' cumail taic ris an aonadh le bhith a' pàigheadh cìsean ballrachd (membership fees to support the work of the union)

Seasamh airson aon de na oifisean (post) sònraichte mar shop steward.

Gabhail pàirt ann an stailc nuair a dh'iarraas an t-aonadh



# Deamocrasaidh ann an **Alba** Notaichean